

17 Dàmhair 2006

BÒRD NA GÀIDHLIG LEIS A' CHIAD IARRTASAN FOIRMEIL FO ACHD NA GÀIDHLIG

Tha Bòrd na Gàidhlig an-diugh air a' chiad iarrtasan foirmeil a chur fo Earrainn 3 de dh' Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, a chur gu sia buidhnean poblach, ag iarraidh gun deasaich agus gun cuir iad an gnìomh Planaichean Gàidhlig.

Tha uallach air a' Bhòrd fon Achd iarraidh, gach bliadhna, air taghadh de bhuidheann poblach planaichean Gàidhlig a dheasachadh agus a chur an gnìomh. Cuiridh am Bòrd Stiùireadh gu na buidhnean poblach an cois an iarrtais gus an cuideachadh a' dealbhadh an cuid phlanaichean.

'S iad a' chiad sia buidhinn a tha air fios foirmeil fhaotainn: Riaghaltas na h-Alba, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle nan Eilean Siar, Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid, agus Pàrlamaid na h-Alba.

Thuirte Ceannard Bòrd na Gàidhlig, Ailean Caimbeul:

“Cuiridh na planaichean sin air adhart amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig, agus fàgaidh sin gun tèid aig Gàidheil air seirbheisean fhaotainn nas trice nan cànan fhèin. Tha dùil cuideachd gum bidh ùghdarrasan a tha a' deasachadh phlanaichean Gàidhlig a' brosnachadh dhaoine gus Gàidhlig a chleachdadh nan dèiligeadh leotha, agus gum bi na seirbheisean sin a' leudachadh.

“Ri tìde bheir seo air adhart barrachd cothrom Gàidhlig a chleachdadh, barrachd sheirbheisean tro mheadhan na Gàidhlig, agus barrachd foillseachaidh air a' chànan tro, mar eisimpleir soighnichean Gàidhlig.

“Tha seo ag amas air Gàidhlig a thoirt dha daoine a tha ga h-iarraidh, chan eil e a' sireadh a sparradh air daoine nach eil. Tha e gu bhith a' cruthachadh cothrom dha luchd-cleachdaidh na Gàidhlig a bhith ga bruidhinn cho tric sa ghabhas. Tha am Bòrd cuideachd mothachail air cothroman sònraichte ann an turasachd is tionnsgalan eile gus Gàidhlig a chur an sàs ann an caochladh dhòighean. Tha na sia buidhnean seo uile air ùine, goireasan agus spàirn a chur an sàs gus Gàidhlig a chleachdadh, agus tha am Bòrd a-nise dol a thogail air an obair sin cuide riutha gus eisimpleirean ùr a chur air adhart dha buidhnean eile.

“'S e ceum inntinneach a tha seo a dh'ionnsaigh a' chiad Plana Nàiseanta Gàidhlig riamh a chur an gnìomh, agus tha fiughair oirnn obrachadh leis na sia buidhnean seo ann a bhith a' deasachadh an cuid phlanaichean.”

'S e buidheann reachdail leasachaidh Gàidhlig a th' ann am Bòrd na Gàidhlig, stèidhichte fo ùghdarras Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, le uallach Gàidhlig fhoillseachadh taobh a-staigh 's a-muigh Alba. Tha an Achd a chaidh an gnìomh sa Ghearran am-bliadhna a' cur uallach air a' Bhòrd Plana Nàiseanta a dheasachadh dhan Ghàidhlig gus innleachd choileanta a stèidheachadh dhan chànan is dha a cultar.

Tha am Bòrd air 31 buidheann poblach a chomharrachadh chun am bi iad a' cur fios foirmeil fon Achd eadar 2006 agus 2009. Tha na buidhnean air am measadh agus air an taghadh a-rèir

na buaidh a dh'fhaodadh a bhith aca air Gàidhlig san dachaigh is anns a' choimhearsnachd, ann am foghlam aig gach ìre, agus air beatha coimhearsnachd na Gàidhealtachd is nan Eilean.

'S iad na buidhnean poblach a gheibh fios foirmeil bho Bhòrd na Gàidhlig fo Earrainn 3 de Achd na Gàidhlig (Alba) 2005:

2006/7

1. Riaghaltas na h-Alba
2. Pàrlamaid na h-Alba
3. Comhairle nan Eilean Siar
4. Comhairle na Gàidhealtachd
5. Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid
6. Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean

2007/8

1. Comhairle Ealain na h-Alba
2. Learning & Teaching Scotland
3. Comhairle Maoinachaidh na h-Alba
4. Institiùd OGE nam Mìle Bliadhna
5. Ùghdarras Theisteanas na h-Alba
6. Caledonian Mac a' Bhriuthainn
7. Dualchas Nàdur na h-Alba
8. Luchd-sgrùdaidh Bànrìghe airson Foghlaim
9. VisitScotland
10. Ùghdarras nan Croitearan
11. Bòrd Slàinte nan Eilean Siar
12. Bòrd Slàinte na Gàidhealtachd is Earra-Ghàidheal

2008/9

1. Pàirce Nàiseanta a' Mhonaidd Ruaidh
2. Comhairle Baile Dhùn Èideann
3. Coimisean na Coilltearachd
4. Comhairle Baile Ghlaschu
5. Puirt Adhair na Gàidhealtachd 's nan Eilean
6. Alba Eachdraidheil
7. Pàirce Nàiseanta Loch Laomainn is na Tròisichean
8. Bòrd Slàinte Bhaile Ghlaschu
9. Comhairle Lannraig a Tuath
10. Am Polis mu Thuath
11. Buidheann Dìon Àrainneachd na h-Alba
12. spòrsalba
13. Comhairle Shruighlea

FIOS DHA LUCHD-DEASACHAIDH

- Tuilleadh fiosrachaidh mun bhrath seo bho Martin Osler aig 07739 185522 air neo aig martin@oslermedia.com
- www.bord-na-gaidhlig.org.uk